



Teisteanais
Nàiseanta
2025

2025 Gàidhlig

Sgrùdadh

Advanced Higher

Question Paper Finalised Marking Instructions

© Scottish Qualifications Authority 2025

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.



General marking principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.

- (a) Marks for each candidate response must **always** be assigned in line with these general marking principles and the detailed marking instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) If a specific candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation. Where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment, no marks should be awarded.
- (e) Other answers can be accepted than those in the marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term ‘No freagairt sam bith eile a tha ionchaidh’ to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate’s answers.
- (f)
 - (i) For questions that ask candidates to ‘**Mìnich...**’ or ask ‘**ciamar...**’, candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (ii) For questions that ask candidates to ‘**Seall mar a tha...**’, candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
 - (iii) For questions that ask candidates ‘**Carson, nad bheachd...**’, candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates’ evidence.

Stiùiridhean Comharrachaidh

Teaca 1 - Ficsean: Bàrdachd

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha e ag innse dhuinn gun robh e na 'shealgair' - a' sealltainn gun robh e air tòir rudeigin nach robh furasta greimeachadh air • Tha an dealbh 'bruaichean casa' a' sealltainn gun robh nàdar de strì a' dol a thaobh an rud a bha e a' sealg, is nach deidheadh greimeachadh air an rud sin gu furasta • Tha e a' cruthachadh dealbh far a bheil e a' coimhead air an tè seo bho astar 'chumainn faire', mar gu bheil e a' coimhead oirre gun fhiosta dhi • Tha e coltach nach eil fàilte ga chur air bhon tè seo - 'do choille' - a tha a' sealltainn gu bheil e faireachdainn nach eil e ann an suidheachadh cofhurtail/ris a bheil e cleachdte/gu bheil e ann an àite a bhuineas dhan tè seo • Tha iomhaigh na h-eilid 'eilid bhàin' a' sealltainn gur e tè neoichiontach, doirbh a ghlacadh a th' innte • Tha 'gaol àlainn binn' a' sealltainn cho prìseal 's a tha i dha a thaobh a coltas agus na rudan a bhios i ag ràdh 	3	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
2.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha e a' cleachdadh 's iomadh oidhirp' airson sealltainn gu bheil e air a bhith a' feuchainn 's a' feuchainn, is gun e a bhith soirbheachail agus gu bheil e air fàs sàraichte • Tha am facal 'shireadh' ag innse dhuinn gu bheil e gu mòr a' miannachadh an tè seo a lorg, ach gur e rud gu math doirbh a th' ann dha sin a dhèanamh ach gu bheil e a' faireachdainn gu bheil e air fàs do-dhèante • Tha am facal 'cheò' a' toirt seachad faireachdainn gu bheil e air chall, is nach eil e cinnteach dè na tha còir aige a dhèanamh • Tha 'aonais' agus 'aonar' gu math faisg air a chèile, mar ath-aithris airson cuideam a chur air a' bheachd gu bheil e fhathast leis fhèin/aonaranach agus nach robh e soirbheachail ga tòir • Tha guth a' bhàird a' riochdachadh faireachdainn eu-dòchas - tha e air a h-uile rud a dhèanamh a b' urrainn dha, ach fhathast, tha e air fàilligeadh air an tè seo fhaighinn 'sireadh', 'oidhirp' 'sgleò' • Tha e a' cleachdadh riochdairean pearsanta 'a rinn mi' 'thill mi' airson diofar faireachdainnean a' bhàird a thoirt am follais a' sealltainn mar e tha e onarach dha fhèin agus gur e briseadh-dùil a tha ann dha agus cuideachd mar a tha e a' fulang • Tha 'do shireadh' agus 'd' aonais' a' sealltainn an sgarradh eadar e fhèin agus tè a mhiann agus tha seo a' daingneachadh am briseadh-cridhe a tha aige 	3	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha 'd' <u>fhior</u> leannan' a' sealltainn mar a tha cuideigin ùr a' tighinn a-steach dhan chùis agus tha seo a' togail ceist anns an leughadair mu dheidhinn ciamar a tha e dol a dheiligeadh leis an tachartas seo • Tha ìomhaigheachd sealg a' ruith tron rann seo; tha faclan mar 'amharc' is 'peilear' a' cruthachadh dealbh de chuideigin a tha air tòir rudeigin a tha doirbh a lorg • Tha an abairt 'dh'èirich an stoirm gharbh' a' sealltainn mar a tha na faireachdainnean aige a' tighinn am bàrr, is 'stoirm' a' cur an cèill gu bheil e troimh-chèile, is gu bheil na faireachdainnean aige a' faighinn làmh an uachdair air na smuaintean aige • Fuaimealas 'stoirm gharbh' agus 'falaichte fo dhubhar' a' neartachadh an deilbh a tha e a' cruthachadh agus gu bheil cùisean a' tighinn gu àirde ann an dòigh a dh'fhaodadh a bhith cunnartach • Tha an dealbh 'peilear mo mhiann' a' cur an cèill gu bheil e a' faicinn cunnart anns na faireachdainnean aige, is gum b' urrainn dhaibh a bhith bàsmhor dha fhèin/dhan eilid/dhan neach eile • Tha an ìomhaigh 'falaichte fo dhubhar' a' sealltainn gu bheil am bàrd ann an suidheachadh dubhach, far a bheil e na aonar agus ìosal - mar gu bheil rudeigin dona/cunnartach gus tachairt • Tha na fuaimean anns na faclan 'dh'èirich' is 'gharbh' a' cruthachadh fuaimealas, is fuaimean a tha rudeigin garbh iad fhèin - airson sealltainn mar a tha cùisean a' fàs doirbh 	3	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha e a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh nach eil e dol a chumail a' dol leis an strì aige • Tha e a' cleachdadh ìomhaigh a' ghunna agus ag innse nach toireadh e ionnsaigh/nach deidheadh e air a tòir tuilleadh, a dh'aindeoin an t-suidheachaidh • Tha 'chuirinn sìos gu socair' a' sealltainn mar a tha e air tighinn gu co-dhùnadh ann an dòigh reasonta, sìtheil leis a bheil e riaraichte/ a' gabhail ri a roghainn • Tha e a' cur roimhe an tè a chumail sàbhailte - tha e a' cruthachadh dealbh dhe fhèin a' dèanamh a dhìcheall gun a bhith a' toirt droch bhuaidh air an tè seo - 'sgiath dhion' • Tha e airson dèanamh cinnteach nach tèid cron sam bith a dhèanamh oirre - tha 'a shnìomh' a' cur an cèill cuideigin ag obair gu cùramach agus gu dìcheallach rudeigin seasmhach a chruthachadh • Tha e a' dearbhadh dha fhèin gur e an rud as cudromaiche dha gum bi i toilichte gu bràth tuilleadh, is nach tèid a goirteachadh - 'gun chrìochan mu do chridhe' 	3	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
5.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha na rannan air an sgrìobhadh ann an dòigh riaghailteach/ meadrachd anns a bheil ceithir loidhnichean anns gach rann, is seòrsa de chomhardadh aig deireadh loidhnichean 2 agus 4, coltach ri òran gaoil/bàrdachd traidiseanta • Tha gach rann a' dèiligeadh ri pàirt dhen sgeulachd, mar chaibideil ann an stòiridh: ga coimhead an toiseach, ga sireadh, ga call agus an uair sin ga fàgail • Tha lidean cunbhalach anns gach loidhne a tha a' toirt ruitheam socair ach cnuasachail, gus sealltainn mar a tha am bàrd a' dèanamh smaoineachadh domhainn ma deidhinn • Tha na gnìomhairean ann an rann a trì 'ag amharc', 'ag amas', 'dh'èirich' a' toirt a' bhàrdachd gu àirde agus a' glèidheadh aire an leughadair gus am faigh sinn a-mach dè thachras aig an deireadh. • Tha iomsgaradh ann eadar na tha esan a' faicinn ann an aon loidhne/a' chiad leth dhen rann 2 agus 3 is mar a tha seo a' toirt buaidh air anns an ath loidhne /darna leth • Tha measgachadh ann an de thachartasan a tha esan a' faicinn bho astar agus an ìomhaigheachd a tha esan a' cruthachadh an seo agus mar a tha seo a' toirt air faireachdainn (aonaranach agus iomallach) • Tha an structar anns an rann mu dheireadh eadar-dealaichte bhon fheadhinn eile far a bheil dà sheantans ann. Tha e a' cur fuasgladh roimhe fhèin gus rian a chur air na faireachdainnean aige fhèin agus air an t-suidheachadh 	3	

Teacsa 2 - Neo-fhicsean: Rosg

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.		<p>Tha fios aige gur e cho sìtheil 's a tha an sgìre a tha a' tarraing an luchd-turais ann</p> <p>Ach Tha a' Ghàidhealtachd a-nise air fàs cho mòr mar cheann-uidhe do luchd-turais 's gu bheil rathaidean na sgìre agus an sgìre fhèin eagalach trang</p> <p>Mar sin, tha an sgìre a' call na bha tarraingeach do luchd-turais sa chiad àite is cha tig iad tuilleadh - rud a nì sgrios air an eaconamaidh a tha an urra riutha</p>	2	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.	<p>Tha an sgrìobhadair cothromach oir tha e a' coimhead air gach taobh den chuspair. Tha e ag aideachadh gu bheil cho trang is a tha an t-Eilean Sgitheanach a' bualadh air daoine ann an diofar dhòighean - faodaidh an suidheachadh a bhith an dà chuid <i>'math'</i> agus <i>'dona'</i></p> <p>Tha an sgrìobhadair a' togail air mar a tha turasachd <i>'buannachdail' / 'feumail'</i> - <i>'math agus gu bheil turasachd'</i>, <i>'prothaid'</i>, <i>'tha e nas fheàrr taigh a bhith air a chleachdadh ... na bhith falamh'</i> ach cuideachd a' sealltainn a' chroin a tha na lùib: <i>'duilgheadasan mòra'</i>, <i>'tha droch bhuidh aige air coimhearsnachdan'</i>, <i>'tha na tha de thaighean-samhraidh ... a' cur uabhas orm'</i>, <i>'s iad dachaighean a tha air an cumail bho dhaoine (òga) na sgìre'</i></p> <p>Ghabhadh argamaid a dhèanamh nach eil e cothromach oir tha e a-mach mu "dachaighean a tha air an cumail bho dhaoine (òga) na sgìre agus a tha air an sìneadh a-null (airson prothaid) gu luchd-tadhail" agus anns an darna paragraf bha e ag ràdh nach urrainn casg a chur air daoine tighinn dhan Ghàidhealtachd, 'Tha làn chead agus làn shaorsa aca sin a dhèanamh'</p>	2	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8.	<p>Liosta Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh <u>liosta</u> gus cuideam a chur air cho trang 's a bha an rathad: '<i>càraichean is carabhanaichean is làraidhean is busaichean agus ... Na Dachaisgean-Cuibhle</i>'</p> <p>Eàrr-ràdh Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh <u>eàrr-ràdh</u> le '<i>seo iad</i>' gus soilleireachadh gu bheil an ath abairt gu bhith gu math cudromach anns an artaigil: '<i>agus - seo iad - Na Dachaisgean-Cuibhle</i>'</p> <p>Tàthain '...na rabhadh dhuinn - na h-aiseagan làn agus duilgheadasan mòra...' - tha e a' leudachadh na beachdan aige le bhith a' toirt seachad eisimpleirean '...no cho math? - ma tha taigh-seinnse no àite leabaidh is bracaist agad)' - tha e a' sealltainn gu bheil taobh eile ann/tòna searbh air a chruthachadh</p> <p>Ceistean gun fhreagairt Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh <u>ceistean gun fhreagairt</u> gus toirt air an leughadair aontachadh ri a bheachd" '<i>Oir cò le ciall a bhios ag iarraidh siubhal ... far nach fhaigh thu an fhois a tha thu a' sireadh?</i>' '<i>Ach dè am freagairt?</i>' '<i>cuin a tha gu leòr gu leòr?</i>'</p>	3	

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<p>Camagan Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh <u>chamagan</u> gus sealltainn gu bheil dà thaobh gu math eadar-dhealaichte air mar a tha daoine san eilean a' faicinn gnìomhachas na turasachd: <i>'a cheart cho dona (no cho math? - ma tha taigh-seinnse no àite leabaidh is bracaist agad)'</i></p> <p>Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh chamagan gus sealltainn dè as cudromaiche dha muinntir an eilein - beairteas seach an òigridh agus gu bheil iadsan nam pàirt den trioblaid: <i>'s iad dachaighean a tha air an cumail bho dhaoine (òga) na sgìre agus a tha air an sineadh a-null (airson prothaid) gu luchd-tadhail'</i></p>		
9.		<p>Eisimpleirean:</p> <p>'a' cur uabhas orm' - 's e facal làidir a th' ann an 'uabhas' a' sealltainn an dragh a tha e a' dèanamh dha '(airson prothaid)' - tha na camagan a' sealltainn gu bheil e a' smaoineachadh gu bheil miann an airgid air cùl na cùise</p> <p>'Oir dè tha na dachaighean-cuibhle sin a' toirt dhan sgìre ann an dà-rìreabh, a bharrachd air na daoine a tha nan suidhe nam broinn le telebhisean-saideal agus le am biadh fhèin a tha air a cheannach aig mòr-bhùithtean A' Ghearasdain agus Inbhir Nis mus tig iad an seo?' - tha an dealbh seo a' magadh air luchd-turais agus na cleachdaidhean aca a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan</p> <p>'Tha an t-àm' - tha e a' sealltainn gu bheil e gu math searbh dheth</p> <p>'tomhas de smachd fhaighinn' - tha e a' dèanamh aoir air mar a tha na h-ùghdarrasan air seo a làimhseachadh gu ruige seo</p>	2	

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.		<p>'nach d' fhuair am moladh sin mòran taic. Ach saoilidh mise nach eil e cho ceàrr sin' - tha e a' tuigsinn gu bheil daoine na h-aghaidh ach tha esan a' faireachdainn gu bheil luach ann</p> <p>'Saoil nach bu chòir cìs a bhith air a chur orra mar dhuais dhan choimhearsnachd ionadail air a bheil iad a' tadhal?' tha e a' faireachdainn gu bheil còir aig muinntir na sgìre buannachd fhaighinn às (chan eil iad an-drast)</p> <p>'Tha sin cho cumanta sa ghabhas air feadh na Roinn-Eòrpa' - 'S e rud cumanta a th' ann an cìs turasachd ann an àiteannan eile</p> <p>Nì cìsean diofar (bheir e '<i>tomhas de smachd</i>' dha muinntir an eilein) ach bidh feum air barrachd gus an suidheachadh a leasachadh</p>	3	
11.		<p><u>Stoidhle</u></p> <p>Tha an sgrìobhadair ga chur fhèin anns an aon suidheachadh ris an leughadair: '<i>mura toir sinn an aire ...</i>'/'<i>Tòisicheamaid le</i>' agus msaa. ' Tha seo a' toirt air an leughadair ceangal a dhèanamh ris fhèin/ri brìgh na h-artaigil</p> <p>Tha eòlas/seallaidhean pearsanta a' cur taic ris na puingeann a tha an sgrìobhadair a' dèanamh: '<i>Aon uair 's gun do dh'fhàg mi Peairt bha an rathad stobte ...</i>'/'<i>Tha fhios 'am glè mhath gu bheil turasachd cudromach ...</i>'/'<i>Tha e annasach dhomh ...</i>' agus msaa</p> <p>Tha an sgrìobhadair a' cur eisimpleirean làidir ri a mholadh: '<i>Saoil nach bu chòir cìs a bhith air a chur orra</i>' ... '<i>Tha sin cho cumanta sa ghabhas air feadh na Roinn-Eòrpa</i>'</p>	3	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<p>Cruth na h-artaigil Tha tiotal an sgrìobhadair agus na faclan mu dheireadh aige a' bualadh air a' ghnòthach a th' aig meadhan na h-artagail/air an cleachdadh mar 'chearcall'. Le bhith a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh leotha, tha an sgrìobhadair a' dèanamh cinnteach nach tèid an leughadair air seachran a thaobh prìomh chuspair na h-artaigil</p> <p>Tha an sgrìobhadair sgileil ann a bhith a' leasachadh na h-argamaid aige tro shreath de pharagrafan ach cuideachd le bhith a' togail dhrochaidean eadar na paragrafan - m.e. <i>'cuin a tha gu leòr gu leòr?/Oir math agus gu bheil turasachd tha droch bhuaidh aige ...'</i></p> <p>Ìomhaigheachd <i>'Na Dachaidhean-Cuibhle. Tha iad mar na meanbh-chuileagan - gad chuartachadh air gach taobh!'</i></p> <p>Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh samhla an seo gus sealltainn cho pàilt 's a tha na dachaidhean-cuibhle air a' Ghàidhealtachd. Mar a bhios e do-dhèanta faochadh fhaighinn bho 'sgòthan' de mheanbh-chuileagan 's tu a-muigh, tha na dachaidhean-cuibhle <i>'gad chuartachadh air gach taobh'</i>/Tha an sgrìobhadair cuideachd a' cur an t-samhla seo gu feum gus sealltainn mar a bhios na dachaidhean-cuibhle a' sàrachadh dràibhearachan charbadan eile. Mar a bhios meanbh-chuileagan a' toirt ort do chiall a chall, bidh is na dachaidhean-cuibhle</p> <p><i>'Mura toir sinn an aire marbhaidh sinn an geàdh a rug an t-ugh òr.'</i></p> <p>Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh na sgeulachd/an t-samhlachais seo gus sealltainn gu bheil cunnart ann gun cuir muinntir na Gàidhealtachd às dha turasachd (<i>'an geàdh'</i>) - gnìomhachas a tha cho cudromach dhan eaconamaidh aca (<i>'an t-ugh òr'</i>).</p> <p>Le bhith a' sireadh cus às a' ghnìomhachas/ghèadh, marbhaidh iad e. Gun seo, cha bhì dòigh aca air beoshlaint' a dhèanamh</p>		

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]